


# A' BHEINN ÓIR



IAIN MAC A' GHOBHAINN

(air ath-fhoillseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig)


# AN T-ÙGHÐAR



EISTEACHD

## OBAIR 1

Sgrìobh Iain Mac a' Ghobhainn *A' Bheinn Òir*.



Coimhead a' bhidio aig: <https://www.youtube.com/watch?v=7fIY3nxspHQ>  
airson barrachd fhaighinn a-mach mun ùghdar. 'S e Mac a' Ghobhainn aon  
de na sgrìobhadairean as fheàrr a bha riamh ann an eachdraidh litreachas na  
h-Alba

Seo cuid de na faclan a chluinneas tu sa bhidio:

a' chaitheamh

uallach

fialaidh

buailteach

domblas-broillich

choisinn e

cheumnaich e

chaith e

lèirmheas

sgaradh

eirmseach



tinneas a ñì sgrios air do sgamhain/  
tuberculosis (TB)

dleastanas

deònach agus toilichte rud a thoirt  
seachad do dhaoine eile

tachairt tric

tinneas sa bhroilleach

bhuannaich e

fhuair e ceum-oilthigh

chuir e seachad

artaigil a nochdas beachd air  
leabhar, film no eile

diofar

geur na inntinn



## OBAIR 2

Às dèidh coimhead air a' bhidio ann an Obair 1, lìon na bearann gu h-ìseal.

- Rugadh Iain Mac a' Ghobhainn ann an \_\_\_\_\_ air \_\_ / \_\_ / \_\_
- Gluais teaghlaich Iain dhachaigh, a \_\_\_\_\_, ann an 1930.
- Bha suidheachadh an teaghlaich cho doirbh oir \_\_\_\_\_.
- Bhiodh Iain a' leughadh \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ nuair nach robh  
e san sgoil.



EISTEACHD



SGRÌOBHADH


5. 'S e dà rud a thug buaidh air Iain agus air obair: \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_.
6. Anns a' bhun-sgoil, bha Iain math air \_\_\_\_\_ a sgrìobhadh ach cha robh e math air \_\_\_\_\_.
7. Chòrd an àrd-sgoil ri Iain: dh'fhosgail i \_\_\_\_\_ dha agus dh'fhàs e math air \_\_\_\_\_.
8. Fhuair Iain taic-airgid agus chaidh e gu \_\_\_\_\_ ann an 1945.
9. Thòisich Iain air \_\_\_\_\_ anns an oilthigh.
10. Fhuair Iain ceum ann am \_\_\_\_\_.
11. Às deidh do Iain ceumnachadh, rinn e \_\_\_\_\_ airson a bhith na thidsear agus rinn e a \_\_\_\_\_.
12. Dh'obraich Iain mar thidsear ann an àrd-sgoiltean ann am \_\_\_\_\_ agus anns an \_\_\_\_\_.
13. Dh'fhàg e obair teagaisg ann an 1977 airson a bhith na \_\_\_\_\_.
14. Goirid às dèidh sin, \_\_\_\_\_ e.
15. Rinn Iain sgrìobhadh den a h-uile seòrsa. 'S e trì eisimpleirean de na sgrìobh e: \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_.
16. Fhuair Iain iomadh \_\_\_\_\_ is \_\_\_\_\_, nam measg an \_\_\_\_\_.
17. Nuair a bha e a' sgrìobhadh, bha Iain mothachail air an taghadh eadar \_\_\_\_\_ is \_\_\_\_\_.
18. Bha pearsa Iain \_\_\_\_\_ is \_\_\_\_\_.
19. Thàinig \_\_\_\_\_-\_\_\_\_\_ air ann an 1980.
20. B' iad na bliadhna chan a bh' aige còmhla ri Donald a n fheadhainn \_\_\_\_\_ na bheatha.
21. Ann an 1998, thàinig \_\_\_\_\_ air is \_\_\_\_\_ e.



CÒMHRADH

# CAIBIDEIL 1 - CHET

## OBAIR 1



**Amas:** na tha an t-ùghdar am beachd a dhèanamh na sgriobhadh.

- a. Ann am buidhnean no mar chlas, smaoinichibh air dè, nur beachd-se, **amas** an ùghdair anns a' chiad chaibideil.

**Suidheachadh:** far an do thachair an sgeulachd agus **cuin**.

- b. Ann am buidhnean no mar chlas, smaoinichibh mu **shuidheachadh** na sgeulachd.

Bheir na leugh sibh mu na puingean gu h-iséal cuideachadh dhuibh a' beachdachadh air **suidheachadh**:

- Obair Wild Bill agus obair Waldo.
- Na h-àiteachan mun do leugh sinn sa chiad dà earrann.
- Na thachair eadar Wild Bill agus athair Chet ann an Abilene.
- Ainm na sgeulachd.

## OBAIR 2

Leugh a' chiad phàirt den chaibideil (*Dry Gulch*) a-rithist.

Tha an t-ùghdar, le faclan, a' togail dealbh ann an inntinn an leughadair an seo.

Dèan nota an toiseach de gach pìos fiosrachaидh a thogas an dealbh sin, mar eisimpleir:

*'Bha Wild Bill Hickok a' coiseachd sios an t-sràid ann am baile ris an canadh iad Dry Gulch.'*


*'Air an làrnach taobh dheth, bha saloon, am Pub Dearg, agus ri thaobh bha bùth a bha a' reic stuth airson crodh is eile, agus a-rithist taigh-òsta, agus a-rithist ceàrdach.'*



EALAÍN



Dèan dealbh a-nis den t-sealladh a chì thu an seo.





## OBAIR 3

Le bhith a' breithneachadh air a' chaibideil seo air fad, sgriobh earrann mu **na prìomh charactaran** a tha a' nochdad.

Feuch gun cleachd thu  
fianais bhon chaibideil nad  
fhreagairtean.

**Fianais às an teacsa:**  
Bidh fianais a' neartachadh  
do fhreagairtean - bheir  
i taic do na freagairtean  
agad. 'S e briathran an  
úghdair no gearr-chunntas  
air a bhriathran a th' ann  
am fianais.

Tha còir aig na puingean gu h-ìseal stiùireadh a thoirt dhut.

Wild Bill Hickok	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obair.</li> <li>• A bheachd air obair agus air fhèin.</li> </ul>
Chet Lawson	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Aois.</li> <li>• An t-adhbhar a tha e ann an Dry Gulch.</li> </ul>
Waldo	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obair.</li> <li>• A choltas.</li> </ul>



## OBAIR 4

Tha e soilleir bho na leugh sinn sa chiad chaibideil gu bheil *A' Bheinn Òir* suidhichte anns na Stàitean Aonaichte aig an àm nuair a bha mòran dhaoine a' sireadh agus a' sabaid airson òr.

Dèan rannsachadh air *The Gold Rush* agus sgriobh aithisg mu dheidhinn. Bhiodh na puingean seo iomchaidh nad aithisg:

- Cuin agus carson a thòisich *The Gold Rush* anns na Stàitean Aonaichte?
- Dè na dòighean anns an tug e buaidh air na Stàitean Aonaichte?
- Dè an luach airgid a chaidh a lorg ?
- Cuin agus carson a thàinig e gu crìch?



# CAIBIDEIL 2 – CHET IS NA YORSTONS



CÒMHRADH



LEUGHADH

## OBAIR 1

Ann am buidhnean (agus le taic bhon tidsear) beachdaichibh air amas an sgirobhadair anns a' chaibideil seo.

## OBAIR 2

Le bhith a' smaoineachadh air caibideil 2 air fad, sgirobh earrann mu na priomh charactaran a tha a' nochdadh.

Cleachd fianais às an teacsa nad fhreagairtean.

Ma thogras tu, cleachd na puingean gu h-iseal airson do chuideachadh:

Chet Lawson	<ul style="list-style-type: none"><li>Obair agus carson a tha e feumail do na Yorstons.</li><li>Na sgilean gunnaireachd aige.</li></ul>
Frank Yorston	<ul style="list-style-type: none"><li>Àite-fuirich.</li><li>A theaghach.</li></ul>
Cailleach Yorston	<ul style="list-style-type: none"><li>A coltas.</li><li>A nàdar.</li><li>A teaghach.</li></ul>
Larry Yorston	<ul style="list-style-type: none"><li>A choltas.</li><li>A theaghach.</li></ul>
Johnny Yorston	<ul style="list-style-type: none"><li>A choltas.</li><li>A nàdar.</li><li>Mar a tha daoine eile a' dèiligeadh ris.</li></ul>
Carol is Drew Sutton	<ul style="list-style-type: none"><li>Àite-fuirich.</li><li>An càirdeas a tha eatarra.</li></ul>



Jimmy is Tommy Carter	<ul style="list-style-type: none"> <li>Àite-fuirich.</li> </ul>
Chuck Farrar	<ul style="list-style-type: none"> <li>Fiosrachadh pearsanta.</li> <li>Na th' air innse mu dheidhinn aig deireadh a' chaibideil.</li> </ul>



## OBAIR 3 – SGILEAN TEICNIGEACH

Bha Iain Mac a' Ghobhainn sgileil ann a bhith a' cleachdadhlairson coimeas a dhèanamh eadar dà rud eadar-dhealaichte, bidh samhla agad.



**Dè th' ann an samhla?**

Nuair a bhios na faclan **mar** no **coltach ri** air an cleachdadhlairson coimeas a dhèanamh eadar dà rud eadar-dhealaichte, bidh samhla agad.

**Carson a bhios sgrìobhadairean gan cleachdadhlairson?**

Airson fiosrachadh a thoirt seachad air rud mu nach eil fios againn le bhith ga choimeas ri rudeigin air a bheil sinn eòlach.

**Tha Iain Mac a' Ghobhainn a' cleachdadhlairson triùr samhlaidhean anns a' chaibideil seo airson innse dhuinn mu Chailleach Yorston. Mar eisimpleir:**

*"Bha a sùilean beagan biorach mar rèasanann ann am meadhan maraig."*



**Mineachadh:**

'S e biadh le tàrr geir a th' ann am marag. Uaireannan, bidh rèasanann ann am marag agus chì sinn iad an siud 's an seo sa gheir.

Tha an samhla seo a' cruthachadh dealbh grànnnda de shùilean agus aodann na cailllich.

Anns an aon dòigh ris an eisimpleir gu h-àrd, seall mar a tha, no nach eil, an dà shamhla seo soirbheachail:


a. *"Bha i cho cho reamhar ri tarbh..."*



b. *"Dhèirich i gu a casan mar ailbhean..."*



# CAIBIDEIL 3 – AN SILVER X IS RAINS NAN CARTERS



## OBAIR 1 – LEUGHADH

Cleachd fianais às a' chaibideil airson na ceistean a leanas a fhreagairt nad fhacail fhèin.

### a. Chuck Farrar

Seall dè beachd Chet air Chuck agus mìnich carson a tha thu a' smaoineachadh seo.

### b. Crodh a dhìth

Seall mar a tha e soilleir **nach deach** na beathaichean air chall, ach **gun deach** an cur air fearann nan Carters.

### c. Na Carters

Mìnich mar a tha an dà bhràthair, Tommy agus Jimmy, ao-coltach ri chèile



### 'Bha aodann air coltach ri aodann pantair.

“S e murtair a tha seo ceart gu leòr,” arsa Chet ris fhèin. “Chan eil e ag ràdh mòran ach 's e murtair a th' ann.” Aon turas theab e fear de na cowboys a bhruidhinn air ais ris a mharbhadh. “Seo am fear as cunnartaiche,” arsa Chet ris fhèin. Bha Farrar a' cur goirseachadh air anns an latha bhlàth. Beathach, le sùilean ann air dath copair, sùilean gun truas.”

### b. Tommy Carter professor image

“S ann a bha e coltach ri profeasair a chunnaic Chet uair. Bha am profeasair seo ag aithris bàrdachd ann am bàr 's cha robh duine ag èisteachd ris. Ann an Abilene. 'S na drungairean a' sadail ghlainnichean air.”



# CAIBIDEIL 4 – A' CHIAD MHURT



## OBAIR 1

Èist ris a' chiad phàirt den chaibideil seo *Dè thachair?* agus freagair na ceistean a leanas:

- Dè beachd Wild Bill air adhbhar bàs Tommy Carter?
- Dè am fiosrachadh a tha Jimmy Carter a' toirt mun t-suidheachadh?
- Dè tha Jimmy am beachd a dhèanamh a-nis?
- Carson a tha A' Bh-uas Yorston ag iarraidh rains nan Carters a cheannach?
- Carson a tha Wild Bill ag ràdh nach urrainn dha càil a dhèanamh?



## OBAIR 2

Ann am buidhnean no mar chlas, leughaibh an dàrna pàirt den chaibideil *Dragh agus Amharas*.

*"Nuair a thog e a shùil, chunnaic e gun robh Chuck Farrar a' sealltainn ris. Murtair. Murtair, dha-rìribh. Bha sin soilleir. Bha e na shuidhe air each, cho coma, cho sàmhach. Na bliadhna chan a chaith e fhèin ag ionnsachadh a' ghunna, an dùil am biodh e cho luath ri Farrar. Cha robh fhios aige."*

A' cleachdadadh fianais bhon teacsa, beachdaichibh air na ceistean a leanas:

- Nur beachd-se, dè a' phriomh smuain a tha a' dol tro inntinn Chet an seo?
- Le bhith a' breithneachadh air plota na sgeulachd gu ruige seo, dè tha sibh a' smaoineachadh a tha annasach mun smuain seo aig Chet?

*"S esan am fear as fheàrr aca," arsa Chet ris fhèin.*

- Coimheadaibh air ais air a' chòmhradh a bha eadar Chet agus Frank. Saoil carson a thàinig Chet chun a' cho-dhùnaidh gur e Frank *"am fear as fheàrr"* de na Yorstons?

Feuch gun cleachd sibh fianais às an teacsa airson taic a chur ri ur beachdan,





## OBAIR 3 – SGILEAN TEICNIGEACH

Minich carson a tha, no nach eil, an samhla seo èifeachdach:

**Cailleach Yorston:**

Bha rudeigin a' cur dragh air Chet. Cha b' ann idir airson crodh a chaidh Tommy Carter a mharbhadh, bha amharas math aige air a sin. Ach cha robh fhios aige dè bh' air cùl na cùise. Bha aon rud cinnteach co-dhiù, bha an rains a-nis aig a' Bh-uas Yorston. **Smaoinich e oirre, na suidhe mar dhamhan-allaidh mòr, dubh aig an doras, a' cur a-mach a lìon.**

# CAIBIDEIL 5 – AN T-ÒR



## OBAIR 1

- a. Fhad's a tha thu a' leughadh na caibideil, dèan nota de thrì samhlaidhean a chleachd Iain Mac a' Ghobhainn.
- b. Mìnich mar a tha, no nach eil, na trì samhlaidhean sin èifeachdach.

## OBAIR 2

Freagair na ceistean seo agus dèan cinnteach gu bheil thu a' cleachdadadh fianais bhon teacs a nadh fhreagairt:

### a. Nighean bhrèagha, fhiadhaich

Tha a' chaibideil seo a' leasachadh caractar Carol Sutton. Inns na tha sinn a' faighinn a-mach mu

- i. a coltas
- ii. a nàdar

### b. Waldo agus Chet

*“Och,” arsa Chet ri Waldo. “Cha mhòr nach eil thu toirt diobhaint orm.”*

Le bhith a' beachdachadh air a' chòmhchràdh a bha eadar Chet agus Waldo, mìnich carson a tha thu fhèin a' smaoineachadh a bha Chet a' faireachdann mar seo.

### c. Turas chun na Beinne

*“Bha a h-uile nì soilleir dha a-nis.”*

Seall mar a thug turas Chet chun na beinne tuigse dha air na bha a' tachairt ann an Dry Gulch.


### d. Chet a' tadhail air na Suttons

Beachdaich air turas Chet gu na Suttons.

- i. Carson a chaidh Chet ann?
- ii. Seall mar a ghabh Carol ri naidheachd Chet.
- iii. Saoil dè dh'fhaodadh a bhith ann an inntinn Drew?



# CAIBIDEIL 6 – CAILLEACH YORSTON



## OBAIR 1

Èist ris a' chiad dà phàirt den chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin:

- a. A' Chailleach agus na Yorstons eile (Pàirt 1)
  - i. Càit a bheil a' chiad phios den chaibideil seo air a shuidheachadh?
  - ii. Mus robh am fearann aig na Yorstons, cò leis a bha e?
  - iii. Carson a tha Larry den bheachd gur dòcha nach obraich plana na Cailllich?
  - iv. Cò air a tha a' Chailleach ag iarraidh an obair aice a dhèanamh?
- b. Wild Bill agus Waldo (Pàirt 2)
  - i. Carson a tha Waldo den bheachd gun goideadh na Carters crodh nan Yorstons?
  - ii. Dè beachd Waldo air Cailleach Yorston?
  - iii. Dè tha Wild Bill a' smaoineachadh a tha a' dol a thachairt ann an Dry Gulch?
  - iv. Dè beachd Waldo air Chet?
  - v. Dè a' cheist as mothà a tha Wild Bill a' cur air Waldo?



## OBAIR 2

A bharrachd air a bhith a' cleachdadadh shamhlaidhean, bha Iain Mac a' Ghobhainn cuideachd sgileil ann a bhith a' cleachdadadh structar seantans.

Anns an eisimpleir a leanas, chleachd an t-ùghdar an structar seantans **ellipsis (...)** aig deireadh seantans.

★ Dè tha ann an structar seantans?

Mar a tha seantans air a chur ri chèile

★ Ciamar a bhios sgriobhadair a' cur structar seantans gu feum?

Le bhith a' cruthachadh seantans ann an dòigh a tha annasach no sònraichte mar eisimpleir a' cleachdadhbh:

- Ath-aithris.
- Puingeachadh (comharra-ceist, clisg-phuing, ellipsis...).
- Liosta – uaireannan a' tighinn gu àirde.
- Seantans goirid no fada.
- Òrdugh annasach air faclan an t-seantans.

★ Dè a' buaiddh a bhios aig structar seantans?

Bidh sin a rèir 's mar a chaiddh a chleachdadhbh. Bheir sinn sùil air buaiddh structar seantans anns na dhà no trì chaibideilean a leanas.

“‘Chuck,’ ars ise, ‘thèid thu fhèin is Larry is Chet don rains ud ’s canaидh tu riutha gu bheil mi airson gum fàg iad. Canaibh riutha gum faigh iad prìs mhath air an rains. Ach ma dh’fhuiricheas iad ...’ Agus sheall i riutha.”

Mar chlas no ann am buidhnean, beachdaichibh air na leanas:

- Carson a tha Mac a' Ghobhainn a' cleachdadhbh ellipsis an seo?
- Dè a' buaiddh a th' aig ellipsis an seo?



LEUGHADH



CÒMHRADH

## OBAIR 3

Leughaibh caibideil 6 còmhla ris an tidsear.

A' togail air fianais às an teacsa, beachdaichaibh air **a., b. agus c.**

- a.** Dèanaibh geàrr-chunntas air carson a dh'fhaodadh Cailleach Yorston a bhith ag ràdh gum bu chòir rains nan Suttons a bhith leatha fhèin.
- b.** Beachdaichibh air na tha am pìos seo a' nochdadhl dhuinn a thaobh mar a tha a' Chailleach a' cur a' phlana aice an gniomh.
- c.** An seo, tha Wild Bill a' cur mòran cheiste an Waldo.

*"Dè tha thu a' smaoineachadh tha dol air adhart aig rains nan Yorstons?"  
arsa Wild Bill Hickok ri Waldo.*

Coimheadaibh gu càramach air a' chòmhradh a tha eatarra agus beachdaichibh air na tha sibhse a' smaoineachadh a tha ann an inntinn Wild Bill.





# CAIBIDEIL 7 – NA SUTTONS



## OBAIR 1

Mar a chunnaic sinn sa chaibidil mu dheireadh, bha Iain Mac a' Ghobhainn sgileil ann a bhith a' cleachdadadh **structar seantans**.

Anns an eisimpleir a leanas, chleachd an t-ùghdar **ellipsis** (...) aig deireadh seantans.

### Tha thìd' agaibh an t-àite seo fhàgail

*"Dè bu choireach gun robh Chet còmhla ri na daoine ud? Ann an saoghal eile cha robh fhios nach ...". Ach chuir i an smuain bhuaipe.*

Tha an t-ùghdar a' cleachdadadh ellipsis (...) an seo.

- Carson a tha e ga chleachdadadh?
- Nad bheachd-sa, dè "an smaoin" a bh' ann an inntinn Carol?

## OBAIR 2

Cleachd fianais às a' chaibideil airson na ceistean seo a fhreagairt:

### a. Tha thìd' agaibh an t-àite seo fhàgail

*"Dè tha thusa ag ràdh?" arsa Chuck ri Drew.*

Coimhead air a' cho-theacsa agus beachdaich air carson, nad bheachd-sa, a dh'fhaighnich Chuck a' cheist seo.

### b. Chuck is Chet

Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd a tha Chuck a' toirt do Chet an seo?  
Minich do bheachd.

### c. Feumaidh tu a bhith faiceallach

Leugh am piòs mu dheireadh den chaibideil a-rithist.

Minich, gu mionaideach, carson a tha an t-eagal air Carol.



## OBAIR 3

Lìon an tòimhseachan-tarsainn seo le bhith a' coimhead an toiseach air an fhiosrachadh gu h-ìseal.

### Tarsainn

3. An rud a tha a' Chailleach, mar gum biodh, a' fighe **(4)**
4. An rud a bha an-còmhnaidh air aodann Chuck **(5)**
5. An rud a ghoid Tommy Carter, a rèir Larry **(5)**
7. An àireamh de dhaoine a thadhail air na Suttons **(6)**
9. An t-ainm a chuir Larry air na Suttons **(9)**
10. Tha an t-eagal air Carol gun tig \_\_\_\_\_ **(3)** Drew às an t-suidheachadh seo.
11. Tha Chuck a' smaoineachadh gu bheil e \_\_\_\_\_ **(7)** nach cuala a charaidean càil mu bhàs athair Chet.

### Sìos

1. An rud a bheireadh Cailleach Yorston dha na Suttons nam falbhadh iad **(7)**
2. Tha Carol ag ràdh ri Drew gum feum e a bhith \_\_\_\_\_ **(11)**
6. Thuirt Chuck gun robh Carol \_\_\_\_\_ **(9)** nach e fireannach a bh' innte.
8. An rud a bha air cùl nan trioblaidean uile **(2)**

1.				2.				3.				
				4.								
												6.
								7.				
												8.
9.												
10.					11.							



# CAIBIDEIL 8 – JOHNNY ANNS A’ PHUB DHEARG

## OBAIR 1

Èist ri caibideil 8 agus freagair na ceistean a leanas:

- a. Dè bha a’ dol san taigh-sheinnse nuair a thàinig Johnny a-steach?
- b. Seall mar a dh’fheuch fear a’ bhàir ri Johnny a shocrachadh.
- c. Dè bha fios aig a h-uile duine mu Johnny? (thoir **aon** phìos fiosrachaidh)
- d. Inns nad fhaclan fhèin dè dh’iarr Johnny air Wild Bill nuair a thàinig e a-steach.
- e. Thoir **aon** phìos fiosrachaidh a sheallas gun robh an t-eagal air na bha san taigh-sheinnse gum biodh sabaid ann.
- f. Seall na thachair nuair a thug Johnny an gunna às a chrios.
- g. Thoir **aon** phìos fiosrachaidh a tha a’ nochdadadh dhuinn gun robh na daoine san taigh-sheinnse car cleachdte ri suidheachaidhean mar a bha dìreach air tachairt.



## OBAIR 2

Lìon an tòimhseachan seo le bhith a' coimhead an toiseach air an taic gu h-ìseal.  
(Tha an taic seo a' leantainn òrdugh na caibideil.)

- an deoch a bha Johnny ag iarraidh **(5-6)**
- dath na dreasa **(5)**
- bha \_\_\_\_\_ anns an rùm nuair a thòisich Johnny ag èigheach **(8)**
- an rud a thigeadh uaireannan à beul Johnny **(3)**
- dh'iarr Johnny air Wild Bill sealltainn gur e \_\_\_\_\_ mòr a bh' ann **(10)**
- bha Johnny den bheachd gun robh Wild Bill a' dèiligeadh ris mar gur e \_\_\_\_\_ a bh' ann **(7)**
- bha guth Wild Bill \_\_\_\_\_ **(5)**
- chunnaic Wild Bill an seinneadair anns an \_\_\_\_\_ **(7)**
- \_\_\_\_\_ do ghunna, arsa Johnny ri Wild Bill **(8)**
- an rud a thàinig à gunna Wild **(3)**
- am fuaim a rinn crùdhan each Johnny **(6)**

U	A	L	E	A	N	A	B	H	D	G	Ù	F	S
A	I	U	B	Ò	L	N	C	-	O	G	L	N	À
R	H	S	G	F	E	F	T	S	R	L	H	-	M
E	M	S	G	À	T	H	A	N	D	I	E	U	H
T	H	M	A	E	P	E	S	R	P	O	L	T	A
H	R	L	I	P	-	O	R	P	I	N	E	M	C
G	C	L	R	F	T	B	O	F	C	G	A	T	H
I	L	C	O	P	E	Ì	E	A	D	B	A	L	D
F	S	S	C	-	H	S	R	A	U	S	G	C	F
N	G	U	H	M	I	È	S	P	T	H	S	L	M
U	O	S	S	I	C	O	R	S	U	H	R	A	T
G	N	H	D	F	U	A	I	N	E	B	A	D	L
T	B	B	T	E	C	U	B	-	P	E	D	N	A
À	T	A	R	R	A	I	N	G	À	B	O	C	S

# CAIBIDEIL 9 – CAROL IS DREW



## OBAIR 1

Cleachd fianais à caibideil 9 airson na ceistean a leanas a fhreagairt:

*'Thug Carol sùil air Drew an-dràsta 's a-rithist. Bha eagal oirre nuair a smaoinich i air an rud a bha i a' dol a dhèanamh.'*

- a. Inns dè rinn Carol air Drew.
- b. Tagh dà sheantans às a' chaibideil seo a tha a' nochdadhuinn **nach e** mearachd a bha san rud a thachair.
- c. Beachdaich, le fianais bhon teacsa, air carson a bha Carol dhen bheachd gum feumadh i seo a dhèanamh.



## OBAIR 2

S e eisimpleir eile de **structar seantans** a th' ann an **ath-aithris**.

**Ath-aithris:** tha seo air a chleachdadhl le ùighdar airson cuideam a chur air rudeigin.

Anns an eisimpleir a leanas, chleachd an t-ùighdar **ath-aithris**.

Mar chlas no ann am buidhnean beachdaichibh air na leanas:

*'Ò, tha mi duilich, tha mi duilich,' dh'èigh i. "S e mo choire-sa a bh' ann. Cha robh dùil a'm gun robh do làmh fon òrd.'*


Tha an t-ùighdar a' cleachdadhl **ath-aithris** an seo. Dè a' bhuaidh a th' aig a seo?



## OBAIR 3

Chunnaic sinn anns an sgeulachd gun robh Carol den bheachd gum feumadh i Drew a ghoirteachadh gus nach deigheadh a mharbhadh.

Ann am buidhnean (no mar chlas) smaoinichibh air suidheachaidhean anns am bi sinne a' nochdadhl coibhneas do dhaoine le bhith gan goirteachadh.



# CAIBIDEIL 10 – WALDO



LEUGHADH



SGRIOBHADH

## OBAIR 1

Cleachd fianais às a' chaibideil airson na ceistean seo a fhreagairt:

**Waldo agus Wild Bill**

- a. Seall na tha sinn ag ionnsachadh bho Wild Bill mu phlanaichean nan Yorstons.

**Waldo agus a bhean**

- b. Beachdaich air caractar Waldo bho na tha anns a' phòs seo den chaibideil.

## OBAIR 2

'S e eisimpleir eile de **structar seantans** a th' ann a **faid seantans**.



**Faid seantans:** bidh ùghdar tric a' cleachdadadh sheantansan **fada** mar dhòigh air tòrr fiosrachaiddh a thoirt seachad agus seantansan **goirid** airson cuideam a chur air phuing chudromach.

Mar chlas, no ann am buidhnean, beachdaichibh air na leanas:

- a. Thoiribh sùil air an earrann a leanas. A bheil seantans ann a tha annasach a thaobh faid?

*'Tha fhios a'm,' arsa Wild Bill Hickok, 'gur e Chuck Farrar a mharbh Tommy Carter ach dè 's urrainn dhomh a dhèanamh? Tha fhios a'm nach robh gunna aige riamh.'*

*'Ciamar a tha fios agad?' arsa Waldo*


*'Bha mi anns an taigh aca glè thric, agus chan fhaca mi gunna ann.  
'S e Chuck Farrar a mhurt e ceart gu leòr. Murtair. Chuala mi mu dheidhinn mu thràth ann an Death City.'*

- b. Dè a' bhuaidh a th' aig an t-seantans seo?



## OBAIR 3

Lìon an tòimhseachan-tarsainn seo le bhith a' coimhead an toiseach air an fhiosrachadh gu h-ìseal.



### Tarsainn

1. Ainmear a tha Wild Bill a' cleachdadhus innse mu Chuck **(7)**
5. 'S e \_\_\_\_\_ a th' ann an Waldo, a rèir an tè as eòlaiche a th' air **(9)**
7. Tha Wild Bill den bheachd gu bheil obair Chuck \_\_\_\_\_ **(6)**
9. An rud a th' aig Waldo ri dhùnadhus **(6)**
10. An rud a tha Waldo a' gealltann do Wild Bill **(11)**
11. An rud a bhios Waldo ag èigheach tron oidhche **(2/5/2)**

### Sìos

2. Buadhair a tha Wild Bill a' cleachdadhus innse mu Chuck **(2-9)**
3. An rud a bhios air Waldo nuair a bhios an t-eagal air **(6)**
4. Tha \_\_\_\_\_ Waldo a' smaoineachadh gum bu chòir dha an obair aige a leigil seachad **(4)**
6. An rud aig Wild Bill a tha Waldo ag iarraidh **(7)**
8. Facal eile airson sabaid **(4)**

# CAIBIDEIL 11 – JOHNNY, A MHÀTHAIR IS CAROL SUTTON



## OBAIR 1

Èist ris a' chiad phios den chaibideil seo (*Chan eil annad ach Amadan*) agus freagair na ceistean a leanas:

- Dè an rabhadh a bha Cailleach Yorston air a thoirt do Johnny?
- Dè a' bhreug a dh'inns Johnny dha mhàthair?
- Thoir **aon** eisimpleir air mar a bha Johnny air trioblaid adhbhrachadh ron a seo.
- Thoir dà abairt a tha a' sealltainn carson a tha màthair Johnny den bheachd gur e 'amadan' a th' ann.
- Sgrìobh dà rud bho òige Johnny a tha a' sealltainn gun robh rudeigin fada ceàrr air, fiù 's bho bha e òg.
- Carson nach bu toigh le Johnny Larry?
- Dè chanadh màthair Johnny mu a mac uaireannan?



## OBAIR 2

Leugh an dùrna pìos den chaibideil (*Smuain Johnny*).

Cleachd fianais bhon teacsa airson na ceistean seo a fhreagairt:

- Minich, nad fhaclan fhèin, carson a chaidh Johnny gu rains nan Suttons.
- Thoir geàrr-chunntas, nad fhaclan fhèin, air a' phlana a thàinig gu Johnny.

Tog air na puingean a leanas:

- *Am plana.*
- *Na gheibheadh Johnny às a' phlana.*
- *Na gheibheadh a mhàthair às a' phlana.*
- *Na gheibheadh Carol às a' phlana.*

- c. Tha an t-ùghdar a' cleachdadhsamhla anns a' phios seo den chaibideil. Lorg e agus seal mar a tha e, nad bheachd-sa, èifeachdach.

- d. *Thòisich Carol ri gàireachdainn 's chan fhaigheadh i air sgur.*

Tha plana Johnny cho gòrach 's gu bheil e a' toirt gàire air Carol. Sgriobh mu na smuaintean a dh'fhaodadh a bhith aig Johnny fhad 's a thill e dhachaigh.

- e. *Nì sinn rudeigin mu dheidhinn.* Tha sinn eòlach gu leòr air caractar Chuck.

Beachdaich air dè dh'fhaodadh a bhith na inntinn.

## OBAIR 3

'S e eisimpleir eile de **structar seantans** a th' ann an **ceistean reatoraigeach**.



### Dè th' ann an ceist reatoraigeach?

'S e ceist a tha seo a tha cuideigin a' faighneachd is gun dùil aige ri freagairt. Dh'fhaodadh nach eil freagairt ann.

### Carson a bhios sgriobhadair an cleachdadhsamhla anns a' phios seo?

Dh'fhaodadh gu bheil am freagairt follaiseach agus gu bheil an sgriobhadair a' cur solas air.

Dh'fhaodadh gun deach a' cheist fhaighneachd airson puing shònraichte a dhèanamh.

- a. Mar chlas no ann am buidhnean, beachdaichibh air na leanas:


*Chunnaic e mu dheireadh Carol ag obair air feansa, a' bualadh phost le òrd mòr, trom. Chuir e iongnadh air gun robh i na h-aonar, ach bha e toilichte gun robh. Cha robh e air nighean a-riamh fhaicinn cho bòidheach ri Carol no cho comasach. Thàinig an smaoin a-steach air, "Nam b' urrainn dhomh toirt air Carol mo phòsadh, dh'fhaodadh mo mhàthair an rains fhaighinn gun ùpraid sam bith." 'S e smaoin mhiorbhaileach a bha siud ceart gu leòr. Ô, bhiodh a mhàthair uabhasach toilichte 's cha b' urrainn do dhuine a ràdh tuilleadh gur e amadan a bh' ann. 'S carson nach pòsadh i e? Bha e eireachdail gu leòr, nach robh? Agus cha robh airgead aig Carol no aig a bràthair. Bha an smaoin mhiorbhaileach, direach mar a' ghrian a' briseadh tro cheò."*

- b. Lorgaibh ceist reatoraigeach a tha Johnny a' cur air fhèin.

Dè am feum a tha a' cheist reatoraigeach seo a' dèanamh?



# CAIBIDEIL 12- MIANN AN ÓIR



## OBAIR 1

Tha còig earrannan anns a' chaibideil seo. Chì thu **geàrr-chunntas** den chiad earrann gu h-iseal.

### Turas Wild Bill Hickok chun na Beinne

*Tha Wild Bill a' faicinn gu bheil cuideigin air a bhith a' cladhach anns a' bheinn agus gur e seo an t-adhbhar a tha air cùl trioblaidean Dry Gulch.  
Tha fios aig Wild Bill gum bi sabaid agus murt ann.*

### Dèan geàrr-chunntas air na ceithir earrannan eile – ii- v.

#### Cuimhnich...



Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche!  
Cleachd an t-eisimpleir gu h-àrd airson do chuideachadh!



## OBAIR 2

Mar a chunnaic sinn mu-thràth, bha Iain Mac a' Ghobhainn sgileil ann a bhith a' cleachdadhbh shamhlaidhean.

Mar bhuidheann, no mar chlas, thoiribh sùil mhionaideach eile tron chaibideil agus lorgaibh **còig** samhlaidhean eile a chleachd an t-ùghdar.

Beachdaichibh, còmhla ri chèile, air co-dhiù a tha na samhlaidhean sin èifeachdach no nach eil.



# CAIBIDEIL 13 – AN DÀRNA MURT

## OBAIR 1

Èist ris a' chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas:

a. **Pàirt 1: Waldo agus Chuck**

- i. Ann am beachd Waldo, dè an teachdaireachd a bh' aig Chuck?
- ii. Ainmich aon adhbhar a bha gràin aig Waldo do Wild Bill.
- iii. Minich carson a bha Waldo den bheachd gum biodh cùisean ceart gu leòr, ged a bhiodh tubaist'ann?

b. **Pàirt 2: Chuck agus Johnny**

- i. Nad fhaclan fhèin, inns dè am beachd a chuir Chuck an inntinn Johnny.
- ii. Bha Chuck, Waldo agus Johnny a' coiseachd còmhla. Cò bha air thoiseach agus cò bha air dheireadh?

c. **Pàirt 3: Na Chunnaic Carol**

- i. Dè an nì annasach (agus eagalach) a chunnaic Carol?
- ii. Dè rinn Carol an uair sin?
- iii. Dè na priomh rudan a thuirt Carol ri Drew?
- iv. Carson a dh'fhairich Carol gaoir fhad 's a bha i a' marcachd gu oifis Wild Bill?

d. **Pàirt 4: Breugan**

- i. Dè na breugan a bha Waldo a' dol a dh'innse do Wild Bill?
- ii. Carson a chanadh Waldo gun robh e ann nuair a thachair am murt?



## OBAIR 2

A bharrachd air a bhith a' cleachdadhe shamhlaidhean agus structar seantans, bha Iain Mac a' Ghobhainn cuideachd sgileil ann a bhith a' cleachdadhe **taghadh-facail**.



### Dè tha ann an Taghadh-facail?

'S e seo a bhith a' taghadh an fhacail/na faclan as fheàrr airson amas an sgrìobhaidh a choileanadh.

### Ciamar a bhios sgrìobhadair a' cur taghadh-facail gu feum?

Bidh sgrìobhadairean a' cleachdadhe briathrachas a tha mionaideach, tarraingeach agus èifeachdach. Dh'fhaodadh gun dèan an sgrìobhadair feum de uaim (me, a' chailleach chrùbach) no fuamealas (thàinig brag às a' ghunna).

### Dè a' bhuaidh a bhios aig taghadh-facail?

Tha deagh thaghadh-facail a' leasachadh ire an sgrìobhaidh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an teacsa soilleir, inntinneach agus brioghmhor.

Anns na h-eisimpleirean a leanas, chuir an t-ùghdar **taghadh-facail** gu feum.

Mar chlas no ann am buidhnean, beachdaichibh air na leanas:

#### a. Waldo agus Chuck

*Co-dhiù, nan tigeadh tubaist, chuidicheadh Chuck e. Bha Chuck làidir is luath 's cha robh eagal air ro dhvine sam bith, eadhon Wild Bill fhèin.*

Dè a' bhuaidh a th' aig taghadh-facail seo?

#### b. Chuck agus Johnny

*Seall ris an-dràsta fhèin, na shuidhe cho ciùin air each, 's a' ghrian a' lasadh air a ghunna.*

Carson, nad bheachd-sa, a thagh an t-ùghdar na faclan seo?

#### c. Na Chunnaic Carol

*Agus dh'fhairich i gaoir - bha cunnart gun ainm a' tighinn na b' fhaisge.*

Beachdaichibh air co-dhiù a tha an taghadh-facail seo èifeachdach gus nach eil.



## OBAIR 3

Lìon an tòimhseachan seo le bhith a' coimhead an toiseach air an taic gu h-iseal.

(Tha an taic seo a' leantainn òrdugh na caibideil.)

- bha Waldo air a bhith a' lorg \_\_\_\_\_ (7)
- an fhaireachdainn a bh' aig Waldo dha Wild Bill (5)
- bha Waldo den bheachd gun toireadh Chuck \_\_\_\_\_ dha nam biodh feum aige air (11)
- bha blàthan dearga air a seo (6)
- bha Chuck den bheachd gun robh Carol a' dèanamh \_\_\_\_\_ de Johnny (6)
- thuirt Chuck ri Johnny gum biodh Carol a' smaoineachadh gun robh Johnny \_\_\_\_\_ (10)
- bha \_\_\_\_\_ aig Johnny air Chuck (4)
- lean Waldo Chuck agus Johnny gu \_\_\_\_\_ (6)
- an fhaireachdainn a bh' aig Carol dha Johnny (5)
- chaidh Carol a-steach dhan taigh mar \_\_\_\_\_ (4-6)
- an rud nach b' urrainn do Drew dèanamh (8)
- bha Waldo a' dol a ràdh gun do mhurt Drew Johnny on a bha e a' cur \_\_\_\_\_ air a phiuthar (5)

A	B	H	T	O	A	H	G	-	A	M	O	I
N	I	U	P	F	L	H	C	R	G	N	C	E
I	E	I	R	E	A	C	H	D	A	I	L	O
T	-	O	I	H	B	Ù	P	I	D	À	N	M
S	O	G	A	F	B	C	O	T	H	R	O	M
D	À	T	C	H	S	L	L	T	H	G	A	F
H	F	R	O	P	M	E	A	S	U	C	M	S
C	E	F	S	U	E	D	E	D	H	E	A	U
A	S	U	S	R	H	Ò	P	-	G	È	L	T
C	D	A	M	A	D	A	N	U	A	C	A	C
R	G	T	F	T	M	F	R	B	R	B	N	A
A	R	H	D	A	H	C	A	E	D	I	U	C
M	B	Ì	-	O	S	N	T	D	C	G	A	L



# CAIBIDEIL 14 – CHUCK IS WILD BILL

## OBAIR 1

Cleachd fianais bhon chaibidil seo airson na ceistean a fhreagairt:

**a. Carol ann an Oifis Wild Bill**

- i. *Thug Wild Bill sùil thuigseach oirre. “Rinn thu glè mhath,” ars esan.*

Le bhith a' coimhead air co-theacsa an dà sheantans seo, beachdaich air an **taghadh-fhacail** seo.

- ii. Tagh na faclan a tha a' sealltainn nach eil Wild Bill a' tuigsinn gu bheil Waldo an sàs anns a' mhurt. Seall mar a tha iad gad thoirt chun a' cho-dhùnaidh seo.

**b. A' Chailleach agus Chuck**

- i. Dè na breugan a tha Chuck ag innse dhan Chailllich?
- ii. Seall, le fianais, dè an dà phrìomh fhaireachdainn a th' aig a' Chailllich aig deireadh a' phios seo.

**c. Cruinn timcheall air Corp Johnny**

- i. Dèan coimeas eadar mar a tha Waldo agus Chuck anns an t-suidheachadh seo.
- ii. *“Cuir sios an gunna sin,” arsa Wild Bill ann an guth cruaidh. “Cuir sios e anns a’ bhad.” Sheall e fhèin is Chuck ri chèile airson ùine, ach mu dheireadh chuir Chuck an gunna air ais don chrios.*

Beachdaich air na bhiodh a' dol air adhart ann an inntinn Wild Bill agus Chuck aig an àm seo.

- iii. *Bha Chuck a' gàireachdainn a-nis gu fosgailte, coltach ri beathach air beulaibh creach.*

Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa, beachdaich air dè cho soirbheachail 's a tha an samhla seo.

#### d. Àm Chet air Tighinn

##### i. *Thoir am baile ort.*

Dèan geàrr-chunntas, le fianais, air na h-adhbharan a thug na Yorstons do Chet a thaobh carson a bu chòir dhàsan (seach iadsan) a dhol a-steach dhan bhaile.

##### ii. *Thug iad an corp leotha 's thàinig na deòir a-rithist gu sùilean na caillich. "Mo thruaghan bochd," ars ise. "Mo thruaghan bochd. Tha cuimhn' a'm nuair a bha thu nad leanabh." Ach à broinn na beinne bha an t-òr fhathast a' deàrrsadh.*

Beachdaich air an **taghadh-facail** a tha a' nochdad aig deireadh na caibideil.



## OBAIR 2

Lion an tòimhseachan-tarsainn seo le bhith a' cur fhacail a nochd anns a' chaibideil dha na beàrnan ceart.


Bheir gach seantans gu h-ìseal beachd dhut air na facail a tha a dhìth.

### Tarsainn

1. Thuirt Chuck ris a' Chailllich gun robh Johnny **measail** air Carol. (8)
6. Bha **seo air gàirdean** Drew. (5)
8. Bha fior **dhragh** air Wild Bill an toiseach gur e Drew a bha marbh. (5)
9. Shaoil Wild Bill gun robh Carol **glè bhrèagha**. (9)
11. Thuirt Larry ri Chet gun robh an **uair** air tighinn nuair a dh'fheumadh e Wild Bill a mharbhadh. (2)
12. Thuirt Larry ri Chet nach fhaigheadh iad **mar a bha còir** fhad 's a bhiodh Wild Bill beò. (7)
14. Bha aodann Waldo **fliuch** nuair a bhruidhinn e ri Wild Bill. (6)
15. Bha **an rud seo** fhathast a' deàrrsadh aig deireadh na caibideil. (2)

### Sìos

2. Bha Chuck den bheachd gun robh Larry **seòlta**. (12)
3. Chuir e **annas** air Chuck cho brònach 's a bha a' Chailleach nuair a chuala i mu bhàs Johnny. (8)
4. Facal eile airson **caoineadh**. (3)
5. Cuideigin **nach eil beò** tuilleadh. (5)
7. Bha Wild Bill **ciùin** nuair a thàinig Carol a-steach dhan oifis. (5)
10. Smaoinich Wild Bill air Waldo mar thruaghan **tiugh**. (7)
12. **Bodhaig** duine a tha marbh. (4)
13. Thuirt Chuck gun tuirt e ri Johnny **gun a dhol** gu rains nan Suttons. (4)





# CAIBIDEIL 15 – DEPUTAIDH ÙR

## OBAIR 1

Èist ris a' chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas:

a. Ann an Oifis Wild Bill

- i. Dè bha Carol an dùil a dhèanamh nuair a thàinig Chet a-steach do dh'oifis Wild Bill?
- ii. Cò th' ann an Chet?
- iii. Ainmich **trì** adhbharan a chuir Wild Bill airson Chet.
- iv. Carson nach b' urrainn do Chet càil a dhèanamh roimhe seo?
- v. Carson a dh'aontaich Drew nach deigheadh e a-mach còmhla ri Chet is Wild Bill?

b. Air ais air an Silver X

Carson nach eil Chuck a' smaoineachadh gu bheil Chet marbh?

c. Waldo air a chur dhan phriosan

- i. Dè na h-òrdain a thug Wild Bill do Waldo?
- ii. Ciamar a fhuair Wild Bill a-mach mun òr sa bheinn?
- iii. Dè, a rèir Wild Bill, a bha Chuck air a ghealltann do Waldo?



## OBAIR 2

A bharrachd air a bhith a' cleachdadadh **shamhlaidhean, structar seantans** agus **taghadh-facail**, bha Iain Mac a' Ghobhainn cuideachd sgileil ann a bhith a' cur **car** gu feum.

Dè tha ann an car?

'S e car **atharrachadh mòr** anns a' phlota. Bidh ùghdar glè thric a' cur car faisg air deireadh na sgeulachd gus buaidh mhòr a thoirt air a' phlota. 'S e sgil air leth a th' ann a bhith comasach air plota atharrachadh gu tur.

Carson a bhios ùghdar a' cur car ann am plota?

Bidh ùghdar a' cur car gu feum gus an sgeulachd a dhèanamh nas inntinniche agus nas doimhne.

Dè a' bhuaidh a bhios car a' toirt air an leughadair?

Tha e glè choltach gun atharraich an car sealladh an leughadair air na tha air tachairt chun a seo san sgeulachd, agus air cuid de na caractaran.  
Bidh an dàrna leughadh gu math eadar-dhealaichte  
bonn chiad turas.

Ann am buidhnean, no mar chlas, smaoinichibh air na leanas:

- a. Dè an car as mothà a thàinig san sgeulachd seo?
- b. Cò agaibh aig an robh beachd gun robh a' chùis mar seo? Carson?
- c. Dè na pìosan fiosrachaидh a thug beachd/a dh'fhaodadh beachd a thoirt dhuibh gun robh a' chùis mar seo?

# CAIBIDEIL 16 – AN T-SABAID MHÒR



EALAIN

## OBAIR 1

Leugh a' chiad phàirt den chaibideil (*Am Meadhan na Sràide*) a-rihist.

Tha an t-ùghdar, le fhaclan, a' togail dealbh ann an inntinn an leughadair an seo.

Dèan nota an toiseach de gach pìos fiosrachaидh a thogas an dealbh sin, mar eisimpleir:

- Thàinig Chuck is Larry is Frank an toiseach is a' chailleach air an cùlaibh.
- Stad an ceathrar am meadhan na sràide

Dèan dealbh den t-sealladh a chì thu an seo.



## OBAIR 2

Leugh an còrr den chaibideil a-rithist.

Cleachd fianais bhon teacs a airson na ceistean a leanas a fhreagairt:

**a. Beatha agus Bàs**

- i. Seall mar a tha an t-ùghdar a' cleachdad taghadh-facail gus beachd a thoirt dhuinn air na tha a' dol tro inntinn Chuck le bhith ag innse mu choltas aodainn.

ii. *Dh'fhàs làrach mar ròs dearg ann am broilleach Chuck Farrar.*

Seall mar a tha an samhla seo soirbheachail ann a bhith a' dèanamh dealbh de na tha a' tachairt.

**b. Dry Gulch a-rithist mar a bha**

- i. *Bha bròn domhainn na shùilean, mar gum biodh e a' coimhead saoghal nach robh idir a' còrdadh ris.*

Beachdaich air carson a tha Frank a' faireachdainn mar seo.

- ii. *"Uill," arsa Wild Bill, "tha latha eile seachad," 's e a' coimhead an fhir-adhlacaidh a' gluasad timcheall nan corp coltach ri clamhan.'*

Leugh a-rithist na fhuair sinn a-mach mun fhear-adhlacaidh anns a' chiad phàirt den chaibideil seo agus beachdaich air dè cho èifeachdach 's a tha an **samhla** seo.

## OBAIR 3

### MEASADH DEIREADH AONAIT: CRUTHACHADH & DÉANAMH

Bhiodh e gu math inntinneach a bhith ann an Dry Gulch anns na làithean an dèidh na Sabaid Mhòir!

Tha fios gum biodh luchd-obrach a' phàipeir-naidheachd ionadail gu math trang a' rannsachadh na thachair agus a' sgrìobhadh mu dheidhinn!



SGRIÖBHADH



'S e neach-aithris pàipeir-naidheachd a th' annad agus 's e d' obair an t-seachdain seo prìomh dhuilleag a' phàipeir-naidheachd a dheasachadh.

Feumaidh tu aithisg a sgrìobhadh mu na thachair ann am meadhan a' bhaile.

Bheir an tidsear taic dhut a' planadh d'obair ach dh'fhaodadh tu cuideachd an cruth seo a chleachdad airson structar na h-aithisg.

**RIASLADH AIR AN RAINS**

**Murt mhòr...**



## CEANN-NAIDHEACHD

### STRUCTAR NA H-AITHISG

**Ro-ràdh:** Am priomh fiosrachadh (Dè, Cuin, Càit, Carson agus Cò (dìreach na caractaran as cudromaiche)

#### Na h-adhbharan air cùl na sabaid

Inns, mar eisimpleir:

- mar a bha òr anns a' bheinn
- mar a bha na Yorstons airson fhaighinn
- mar a chaidh dithis a mhurt mar thoradh air seo
- mar a dh'fheuch Wild Bill ri stad a chur air na Yorstons le bhith a' cur fios gu Chet
- mar a chuir na Yorstons Chet dhan bhaile
- mar a thàinig na Yorstons a-steach dhan bhaile nuair nach do thill Chet

#### An t-sabaid fhèin

#### Buaidh na sabaid air a' bhaile

Rudeigin a thuirt cuideigin mun t-suidheachadh (leithid Wild Bill no Chet). Dh'fhaodadh tu seo a dhèanamh suas, fhad 's a bhiodh e a' togail air na thachair san sgeulachd.

#### Co-dhùnadh

#### Dealbh

### STOIDHLE NA H-AITHISG

**Stoidhle foirmeil**  
Mar eisimpleir:

- Cleachd paragrafan gus am bi structar freagarrach air an aithisg.
- Na cleachd farainmean (me, Wild Bill) no a' chiad ainm aig neach gun shloinneadh (me, Chet). 'S e Bill Hickok agus Chet Hickok a bhiodh freagarrach anns an aithisg seo.
- Thoir fiosrachadh seach beachdan (ach a-mhàin mas e rud a thuirt cuideigin).
- Cuimhnich gum bu chòir cànan foirmeil a bhith ann an aithisg pàipeir-naidheachd. Mar eisimpleir, tha a' chiad sheantans de na leanas nas fhoirmeile na an dàrna fear:


*'Chaidh òr a lorg anns a' bheinn'*

*'Lorg daoine òr anns a' bheinn.'*

## OBAIR 4 : MEASADH DEIREADH AONAIT: MEASADH AGUS LUACHADH LEIRMHEAS AIR AN LEABHAR



# A' BHEINN ÓIR



IAIN MAC A' GHOBHAINN

(air ath-fhoillseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig)





# AN T-ÙGHÐAR



## OBAIR 1

Sgriobh Iain Mac a' Ghobhainn *A' Bheinn Òir.*

Coimhead a' bhidio aig: <https://www.youtube.com/watch?v=7fIY3nxspHQ> airson barrachd fhaighinn a-mach mun ùghdar. 'S e Mac a' Ghobhainn aon de na sgriobhadairean as fheàrr a bha riamh ann an eachdraidh litreachas na h-Alba

Seo cuid de na faclan a chluinneas tu sa bhidio:

same style as page 1!!

**a' chaitheamh**

**uallach**

**fialaidh**

**buailteach**

**domblas-broillich**

**choisinn e**

**cheumnaich e**

**chaith e**

**lèirmheas  
leabhar,**

**sgaradh**

**eirmseach**

**tinneas a nì sgrios air do sgamhain/  
tuberculosis (TB)**

**dleastanas**

**deònach agus toilichte rud a thoirt  
seachad do dhaoine eile**

**tachairt tric**

**tinneas sa bhroilleach**

**bhuannaich e**

**fhuair e ceum-oilthigh**

**chuir e seachad**

**artaigil a nochdas beachd air  
film no eile**

**diofar**

**geur na inntinn**



## OBAIR 2

Às dèidh coimhead air a' bhidio ann an Obair 1, lión na beàrnan ann an 1-21 gu h-iseal.

1. Rugadh Iain Mac a' Ghobhainn ann an \_\_\_\_\_ air  
\_\_\_\_ / \_\_\_\_ / \_\_\_\_
2. Ghluais teaghlaich Iain dhachaigh, a \_\_\_\_\_, ann an an 1930.
3. Bha suidheachadh an teaghlaich cho doirbh oir  
\_\_\_\_\_.




# CAIBIDEIL 1 - CHET

## OBAIR 1

Freagair na ceistean a leanas mu na trì caractaran mun do leugh sinn anns a' chiad chaibideil.

- a. Wild Bill Hickok
  - i. Dè an obair a th' aig Wild Bill?
  - ii. Dè an diofar a bha Wild Bill air a dhèanamh ann an Dry Gulch?
- b. Chet Lawson
  - i. Dè an aois a tha Chet?
  - ii. Cò ris a tha Chet coltach?
  - iii. Carson a tha Chet air tighinn dha Dry Gulch?
- c. Waldo Collins
  - i. Dè an obair a th' aig Waldo?
  - ii. Cò ris a tha Waldo coltach?





# CAIBIDEIL 2- CHET IS NA YORSTONS

## OBAIR 1

Tha a' chaibideil seo a' toirt fiosrachadh dhuinn mu na prìomh charactaran anns an sgeulachd.

Lion na beàrnan anns na h-earrannan gu h-ìseal:



- a. Tha **Frank Yorston** a' tachairt air Chet sa phub agus a' tairgsinn \_\_\_\_\_ dha air an rains. Tha e coltach gu bheil Frank ga iarraidh leis gun urrainn dha\_\_\_\_\_ a chleachdadadh.



- b. Tha **màthair Frank** \_\_\_\_\_ gun tug Frank obair do Chet is tha i a' toirt \_\_\_\_\_ dha na aodann. Ach tha i ag èisteachd ri Chet agus tha e a' faighinn obair aig an rains. 'S e am fiosrachadh mu Chet a tha cudromach dhi gu bheil e airson \_\_\_\_\_ a mharbhadh agus gun urrainn dha \_\_\_\_\_ a chleachdadadh. 'S e boireannach glè \_\_\_\_\_ a th' innte.



- c. 'S e \_\_\_\_\_ Frank a th' ann an **Larry is Johnny**. Tha Larry \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_. Chan eil e \_\_\_\_\_ sgeulachd Chet. Tha e soilleir gu bheil rudeigin fada \_\_\_\_\_ air Johnny. Tha e cudromach dhaibhsan cuideachd gu bheil Chet math le \_\_\_\_\_. De na trì bràithrean, 's e \_\_\_\_\_ as coltaiche ri a mhàthair.



- d. 'S e \_\_\_\_\_ is \_\_\_\_\_ a th' anns **na Suttons**. Tha Johnny a' smaoineachadh gu bheil Carol \_\_\_\_\_. Ach tha Johnny cuideachd den bheachd gum bu chòir dhaibh \_\_\_\_\_.




- e. Tha **na Carters** a' fuireach faisg air na Suttons. 'S e \_\_\_\_\_ a th' annta nach do \_\_\_\_\_ a-riamh. Tha Larry a' smaoineachadh nach eil \_\_\_\_\_ aca a bhith a' fuireach anns an àite.



- f. Tha **Chuck Farrar** a' nochdadadh aig deireadh na caibideil. Tha e fhèin, Larry, Frank is Johnny a' cleachdadadh nan \_\_\_\_\_.

# CAIBIDEIL 3 – AN SILVER X IS RAINS NAN CARTERS



## OBAIR 1

Freagair na ceistean a leanas **ann an seantansan:**

**a. Chuck Farrar**

Dè an obair a th' aig Chuck?

.....

**b. Crodh a dhìth**

**i.** Dè am beachd a th' aig Chet air Chuck?

.....

**i.** Carson a chaidh Frank is Chet gu rains nan Carters?

.....

**c. Na Carters**

Inns cò ris a bha:

**i.** Jimmy Carter coltach.

.....

**i.** Tommy Carter coltach.

.....



## CAIBIDEIL 4— A' CHIAD MHURT

### OBAIR 1

Èist ris a' chiad phàirt den chaibideil seo *Dè thachair?* agus lion na beàrnan a leanas:

- a. Bha corp Tommy Carter na laighe \_\_\_\_\_.
- b. Tha Wild Bill a' smaoineachadh gun d' fhuair Chuck lorg air \_\_\_\_\_ agus gun do ghearin e ri Tommy. Tha Wild Bill cuideachd a' smaoineachadh gun tug Tommy \_\_\_\_\_ a-mach agus gum b' fheudar dha Chuck a mharbhadh.
- c. Tha Jimmy ag ràdh nach robh \_\_\_\_\_ aig Tommy agus gur e \_\_\_\_\_ a mharbh Tommy.
- d. Tha Jimmy a-nis am beachd an t-àite \_\_\_\_\_.
- e. Tha Jimmy ag ràdh gu bheil A' Bh-uas Yorston ag iarraidh na rains airson \_\_\_\_\_.
- f. Tha Wild Bill ag ràdh nach urrainn dha càil a dhèanamh oir tha gunna ann an \_\_\_\_\_ agus tha an \_\_\_\_\_ air rains nan Carters.



# CAIBIDEIL 5 – AN T-ÒR

## OBAIR 1

### a. Nighean bhrèagha, fhiadhaich.

i. Inns cò ris a tha Carol Sutton coltach.

.....

ii. Seall am beachd a th' aice air Chet.

.....

### b. Waldo agus Chet.

Dè an rud a tha Waldo ag iarraidh?

.....

.....

### c. Turas chun na beinne.

Dèan geàrr-chunntas air na fhuair Chet a-mach nuair a chaidh e chun na beinne anmoch an oidhche sin.

.....

.....

### d. Chet a' tadhail air na Suttons.

Carson a chaidh Chet a shealltainn air na Suttons?

.....

.....



ÉISTEACHD

# CAIBIDEIL 6 – CAILLEACH YORSTON



## OBAIR 1

Èist ris a' chiad phàirt den chaibideil seo agus lion na beàrnan:

### a. A' Chailleach agus na Yorstons eile

- i. Tha a' chiad phios den chaibideil seo air a shuidheachadh ann an \_\_\_\_\_ nan Yorstons.
- ii. Mus robh am fearann aig na Yorstons, bha e leis \_\_\_\_\_.
- iii. Tha Larry den bheachd gur dòcha nach obraich plana na Cailllich oir chuireadh \_\_\_\_\_ na aghaidh.
- iv. Tha a' Chailleach ag iarraidh air \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ bruidhinn ris na Suttons.

### b. Wild Bill agus Waldo

- i. Tha Waldo den bheachd gun goideadh na Carters an crodh oir bha iad \_\_\_\_\_.
- ii. 'S e am beachd a th' aig Waldo air Cailleach Yorston gu bheil i \_\_\_\_\_ na an duine aice.
- iii. Tha Wild Bill a' smaoineachadh gu bheil \_\_\_\_\_ gu bhith eadar \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_.
- iv. 'S e am beachd a th' aig Waldo air Chet gu bheil e \_\_\_\_\_.
- v. 'S e a' cheist as mothà a tha aig Wild Bill do Waldo am bi e \_\_\_\_\_ nuair a bhios \_\_\_\_\_?





# CAIBIDEIL 7 – NA SUTTONS

## OBAIR 1

- a. *Tha thìd' agaibh an t-àite seo fhàgail.*

Dèan geàrr-chunntas de na rudan as cudromaiche a dh'innse Larry is Chuck do na Suttons.

- b. **Chuck is Chet.**

Tagh dà sheantans anns a bheil Chuck a' cur ceist ann an sgeulachd Chet.

- c. *Feumaidh tu a bhith faiceallach.*

Carson a tha an t-eagal air Carol?



# CAIBIDEIL 8 – JOHNNY ANNS A’ PHUB DHEARG



## OBAIR 1

Èist ris a’ chiad phàirt den chaibideil seo agus lìon na beàrnan a leanas:

- i. Nuair a thàinig Johnny a-steach, bha nighean \_\_\_\_\_.
- ii. Dh’fheuch fear a’ bhàir ri Johnny a shocrachadh le bhith ag ràdh rudan mar seo ris:  
\_\_\_\_\_
- iii. Bha fios aig a h-uile duine gun robh Johnny  
\_\_\_\_\_.
- iv. Dh’iarr Johnny air Wild Bill \_\_\_\_\_ a tharraing.
- v. Tha fios againn gun robh an t-eagal air na fear a’ bhàir oir bha e \_\_\_\_\_ an fhiodh.
- vi. Bha Wild Bill na bu luaithe na Johnny agus loisg e air Johnny \_\_\_\_\_.
- vii. Tha e soilleir gun robh na daoine san taigh-sheinnse car cleachdte ri suidheachaidhean mar a bha dìreach air tachairt. Chì sinn seo le mar a \_\_\_\_\_ fear a’ phiàna \_\_\_\_\_ a-rithist.



## OBAIR 2

Tha na faclan a leanas a' nochdadadh anns a' chaibideil seo. An lorg thu iad?

uisge-beatha

uaine

sàmhachd

cop

*gunfighter*

leanabh

sèimh

sgàthan

tarraing

las

gliong

U	A	L	E	A	N	A	B	H	D	G	Ù	F	S
A	I	U	B	Ò	L	N	C	-	O	G	L	N	À
R	H	S	G	F	E	F	T	S	R	L	H	-	M
E	M	S	G	À	T	H	A	N	D	I	E	U	H
T	H	M	A	E	P	E	S	R	P	O	L	T	A
H	R	L	I	P	-	O	R	P	I	N	E	M	C
G	C	L	R	F	T	B	O	F	C	G	A	T	H
I	L	C	O	P	E	Ì	E	A	D	B	A	L	D
F	S	S	C	-	H	S	R	A	U	S	G	C	F
N	G	U	H	M	I	È	S	P	T	H	S	L	M
U	O	S	S	I	C	O	R	S	U	H	R	A	T
G	N	H	D	F	U	A	I	N	E	B	A	D	L
T	B	B	T	E	C	U	B	-	P	E	D	N	A
À	T	A	R	R	A	I	N	G	À	B	O	C	S

# CAIBIDEIL 9 – CAROL IS DREW



LEUGHADH



## OBAIR 1

**Carol is Drew Sutton**

- a. Dè na bruadaran a bh' air a bhith a' cur eagal air Carol?

- b. Inns mar a chaidh Drew a ghoirteachadh.

- c. Tagh seantans às a' chaibideil seo a tha a' nochdadadh dhuinn nach e mearachd a bha san rud a thachair.

- d. Carson, nad bheachd-sa, a bha i ag iarraidh a làmh dheas a bhualadh le òrd?

# CAIBIDEIL 10 – WALDO



## OBAIR 1

### a. Wild Bill is Waldo

Dè na planaichean a tha a-nis aig na Yorstons, a rèir Wild Bill?

.....

.....

.....

### b. Waldo agus a Bhean

Dè tha Waldo ag iarraidh, a rèir na thuirt a bhean?

.....

.....





# CAIBIDEIL 11 – JOHNNY, A MHÀTHAIR IS CAROL SUTTON

## OBAIR 1

Èist ris a' chìad phìos den chaibideil seo (*Chan eil annad ach Amadan*) agus freagair na ceistean a leanas:

- a. Bha Cailleach Yorston air a ràdh ri Johnny gun a dhol

\_\_\_\_\_.

- b. Dh'innс Johnny breug dha mhàthair: gun do \_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_.

- c. Bha Johnny air mòran rudan gòrach a dhèanamh na bheatha.  
'S e aon eisimpleir gun do:

\_\_\_\_\_.

- d. Tha màthair Johnny den bheachd gur e 'amadan' a th' ann. Tha i a' toirt dhuinn mòran eisimpleirean airson taic a chur ri a beachd. 'S e **aon** dhiubh:

\_\_\_\_\_.

- e. Tha sinn a' faighinn a-mach gun robh *rudeigin fada ceàrr air, fiù 's bho bha e òg*. 'S e aon eisimpleir de seo: \_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_.

- f. Cha bu toigh le Johnny Larry idir oir bha  
e a' smaoineachadh gum bu chòir dha fhèin  
\_\_\_\_\_ ach bha amharas aige gur e  
\_\_\_\_\_.

\_\_\_\_\_.

- g. Chanadh màthair Johnny mu a mac gur e a' ghriùlach

\_\_\_\_\_.



## OBAIR 2

- a. Leugh an dàrna pìos den chaibideil (*Smaoin Johnny*).
- i. Ciamaid a bha Johnny a' faireachdainn nuair a dh'fhàg e a mhàthair?
  - ii. Carson a bha e ag iarraidh rudeigin a dhèanamh?
- b. Tha plana a' tighinn a-steach air Johnny: gum bu chòir dha Carol a phòsad.
- i. Dè gheibheadh Johnny às a' phlana seo?
  - ii. Dè gheibheadh a mhàthair?
  - iii. Dè gheibheadh Carol?
- c. Tha an t-ùghdar a' cleachdadadh samhla anns a' phìos seo den chaibideil:

*'Bha an smaoin mìorbhaileach, dìreach mar a' ghrian a' briseadh tro cheò.'*

Seall mar a tha an samhla seo èifeachdach.

- d. *'Thòisich Carol ri gàireachdainn 's chan fhaigheadh i air sgur.'* Tha plana Johnny cho górách 's gu bheil e a' toirt gàire air Carol.
- i. Dè na smuaintean a bh' aig Johnny fhad 's a *thill e dhachaigh*.
  - ii. Seall mar a tha na smuaintean seo a' nochdadadh dhuinn gur e fior amadan a th' ann an Johnny.

# CAIBIDEIL 12- MIANN AN ÒIR



## OBAIR 1

Tha còig pìosan anns a' chaibideil seo.

Chì thu geàrr-chunntas den chiad phìos gu h-ìseal.

### i. Turas Wild Bill Hickok chun na Beinne

- *Tha Wild Bill a' faicinn gu bheil cuideigin air a bhith a' cladhach anns a' bheinn agus gur e seo an t-adhbhar a tha air cùl trioblaidean Dry Gulch.*
- *Tha fios aig Wild Bill gum bi sabaid agus murt ann.*

Dèan geàrr-chunntas air na ceithir pìosan eile ii-v.

Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.



Cleachd an eisimpleir gu h-àrd airson do chuideachadh gus crìoch a chur air na geàrr-chunntasan.

**ii. Plana Chuck.**

•

**iii. Larry a' gabhail dragh mu Frank.**

•

**iv. Chuck a' cur eagal air Larry.**

•

**v. Carol is Drew.**

•

# CAIBIDEIL 13 – AN DÀRNA MURT



## OBAIR 1

Èist ris a' chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas:

### a. Waldo agus Chuck (Pàirt 1)

- i. Ann am beachd Waldo, bha Chuck ag ràdh ris: ‘Cuir às do Wild Bill Hickok’s \_\_\_\_\_’.
- ii. Bha gràin aig Waldo do Wild Bill oir bha Wild Bill \_\_\_\_\_.
- iii. Bha Waldo den bheachd gum biodh cùisean ceart gu leòr oir bha Chuck \_\_\_\_\_.

### b. Chuck agus Johnny (Pàirt 2)

- i. 'S e am beachd a chuir Chuck an inntinn Johnny gum bu chòir dha falbh \_\_\_\_\_ agus iarraidh air \_\_\_\_\_.
- ii. Fhad 's a bha iad a' coiseachd còmhla. bha \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ air thoiseach agus bha \_\_\_\_\_ air dheireadh.

### c. Na Chunnaic Carol (Pàirt 3)

- i. Chunnaic Carol rud *annasach agus eagalach*: fear a' toirt \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ bho chùlaibh.
- ii. Leum Carol \_\_\_\_\_ agus dh'fhalbh i \_\_\_\_\_ far an robh \_\_\_\_\_.
- iii. Thuirt Carol ri Drew: Tha mi a' dol air tòir \_\_\_\_\_, Fuirich \_\_\_\_\_, tha \_\_\_\_\_ mun cuairt oirnn.
- iv. Dh'fhairich Carol gaoir fhad 's a bha i a' marcachd oir bha cunnart \_\_\_\_\_ na b' fhaisge.

### d. Breugan (Pàirt 4)

- i. Nuair a thigeadh Wild Bill, chanadh e ris gun e Drew \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ e a' tachairt.
- ii. Chanadh Waldo gun robh e ann nuair a thachair am murt oir \_\_\_\_\_.





## OBAIR 2

Tha na faclan a leanas a' nochdadh anns a' chaibideil seo. An lorg thu iad?

cothrom  
amadan  
fuath

gràin  
eireachdail  
ioma-ghaoth

cuideachadh  
meas  
marcachd

cactus  
socair  
dragh

A	B	H	T	O	A	H	G	-	A	M	O	I
N	I	U	P	F	L	H	C	R	G	N	C	E
I	E	I	R	E	A	C	H	D	A	I	L	O
T	-	O	I	H	B	Ù	P	I	D	À	N	M
S	O	G	A	F	B	C	O	T	H	R	O	M
D	À	T	C	H	S	L	L	T	H	G	A	F
H	F	R	O	P	M	E	A	S	U	C	M	S
C	E	F	S	U	E	D	E	D	H	E	A	U
A	S	U	S	R	H	Ò	P	-	G	È	L	T
C	D	A	M	A	D	A	N	U	A	C	A	C
R	G	T	F	T	M	F	R	B	R	B	N	A
A	R	H	D	A	H	C	A	E	D	I	U	C
M	B	Ì	-	O	S	N	T	D	C	G	A	L

# CAIBIDEIL 14 – CHUCK IS WILD BILL



LEUGHADH



## OBAIR 1

### a. Carol ann an Oifis Wild Bill (Pàirt 1)

i. Tha an t-ùghdar a' sealltann dhuinn gu bheil Wild Bill a' tuigsinn nach e tubaist a bh' anns an rud a thachair do làmh Drew. Tagh **dà** abairt a tha a' nochdadh seo.

ii. Tagh na faclan a tha a' sealltann nach eil Wild Bill air tuigsinn gu bheil Waldo an sàs anns a' mhurt.

### b. A' Chailleach agus Chuck (Pàirt 2)

i. Aimlich dà bhreug a tha Chuck ag innse dhan Chailllich?

ii. Tagh fianais a tha a' sealltann gu bheil a' Chailllich brònach ach cuideachd gu bheil i ag iarraidh dioghaltas.

### c. Cruinn timcheall air Corp Johnny (Pàirt 3)

i. Seall mar a tha sinn a' faicinn gu bheil Waldo lag anns an t-suidheachadh seo **ach** ...

ii. Seall gu bheil Chuck làidir.

iii. “Cuir sìos an gunna sin,” arsa Wild Bill ann an guth cruaidh.  
“Cuir sìos e anns a' bhad.” Sheall e fhèin is Chuck ri chèile airson ùine, ach mu dheireadh chuir Chuck an gunna air ais don chrios.’

Tha Wild Bill agus Chuck a' feuchainn ri làmh-an-uachdair fhaighinn air a chèile an seo.

Tagh fianais a tha a' sealltann gun robh an suidheachadh seo gu math doirbh do Wild Bill.

### d. Àm Chet air Tighinn (Pàirt 4)

“Thoir am baile ort.”

Dèan geàrr-chunntas air na h-adhbharan a thug na Yorstons do Chet a thaobh carson a bu chòir dhàsan (seach iadsan) a dhol a-steach dhan bhaile.

# CAIBIDEIL 15 – DEPUTAIDH ÙR



## OBAIR 1

Èist ris a' chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas:

**a. Ann an oifis Wild Bill (Pàirt 1)**


- i. Nuair a thàinig Chet a-steach do oifis Wild Bill, bha Carol an dùil \_\_\_\_\_.
- ii. 'S e Chet \_\_\_\_\_ Wild Bill.
- iii. Ainmich **aon** adhbhar a chuir Wild Bill airson Chet.  
\_\_\_\_\_
- iv. Cha b' urrainn do Chet càil a dhèanamh roimhe seo oir cha robh e airson gum biodh \_\_\_\_\_.
- v. Dh'aontaich Drew nach deigheadh e a-mach còmhla ri Chet is Wild Bill oir thuirt Wild Bill ris  
\_\_\_\_\_.

**b. Air ais air an Silver X (Pàirt 2)**

Chan eil Chuck a' smaoineachadh gu bheil Chet marbh oir chan eil e a' creidsinn \_\_\_\_\_.

**c. Waldo air a chur dhan phriosan (Pàirt 3)**

- i. Ainmich **aon** òrdan a thug Wild Bill do Waldo.  
\_\_\_\_\_
- ii. 'S e \_\_\_\_\_ a dh'inns do Wild Bill mun òr sa bheinn.
- iii. A rèir Wild Bill, bha Chuck air gealltann do Waldo gum faigheadh e \_\_\_\_\_.



# CAIBIDEIL 16 – AN T-SABAID MHÒR



LEUGHADH



## OBAIR 1

Leugh an còrr den chaibideil a-rithist.

### a. Beatha agus Bàs

- i. Seall mar a dh'atharraich aodann Chuck anns an dàrna pàirt den sgeulachd agus carson.
- ii. Tha an t-ùghdar ag innse dhuinn gun do '*dh'fhàs ròs dearg ann am broilleach Chuck Farrar*'.

Seall mar a tha an ìomhaigh seo (ròs) agus an dath (dearg) a' toirt dealbh air na tha a' tachairt.



### b. Dry Gulch a-rithist mar a bha

*'Bha bròn domhainn na shùilean, mar gum biodh e a' coimhead saoghal nach robh idir a' còrdadh ris.'*

Le bhith a' smaoineachadh air na tha air tachairt, inns carson a bhiodh Frank a' faireachdainn mar seo.

